




IMAGE EVALUATION TEST TARGET (MT-3)



Photographic
Sciences
Corporation

23 WEST MAIN STREET
WEBSTER, N.Y. 14580
(716) 872-4503

145
28
132
125
22
20
18

**CIHM/ICMH
Microfiche
Series.**

**CIHM/ICMH
Collection de
microfiches.**



Canadian Institute for Historical Microreproductions / Institut canadien de microreproductions historiques

© 1987

11
oi

Technical and Bibliographic Notes/Notes techniques et bibliographiques

The Institute has attempted to obtain the best original copy available for filming. Features of this copy which may be bibliographically unique, which may alter any of the images in the reproduction, or which may significantly change the usual method of filming, are checked below.

- Coloured covers/
Couverture de couleur
- Covers damaged/
Couverture endommagée
- Covers restored and/or laminated/
Couverture restaurée et/ou pelliculée
- Cover title missing/
Le titre de couverture manque
- Coloured maps/
Cartes géographiques en couleur
- Coloured ink (i.e. other than blue or black!)/
Encre de couleur (i.e. autre que bleue ou noire)
- Coloured plates and/or illustrations/
Planches et/ou illustrations en couleur
- Bound with other material/
Relié avec d'autres documents
- Tight binding may cause shadows or distortion
along interior margin/
La reliure serrée peut causer de l'ombre ou de la
distortion le long de la marge intérieure
- Blank leaves added during restoration may
appear within the text. Whenever possible, these
have been omitted from filming/
Il se peut que certaines pages blanches ajoutées
lors d'une restauration apparaissent dans le texte,
mais, lorsque cela était possible, ces pages n'ont
pas été filmées.
- Additional comments:/
Commentaires supplémentaires:

L'Institut a microfilmé le meilleur exemplaire qu'il lui a été possible de se procurer. Les détails de cet exemplaire qui sont peut-être uniques du point de vue bibliographique, qui peuvent modifier une image reproduite, ou qui peuvent exiger une modification dans la méthode normale de filmage sont indiqués ci-dessous.

- Coloured pages/
Pages de couleur
- Pages damaged/
Pages endommagées
- Pages restored and/or laminated/
Pages restaurées et/ou pelliculées
- Pages discoloured, stained or foxed/
Pages décolorées, tachetées ou piquées
- Pages detached/
Pages détachées
- Showthrough/
Transparence
- Quality of print varies/
Qualité inégale de l'impression
- Includes supplementary material/
Comprend du matériel supplémentaire
- Only edition available/
Seule édition disponible
- Pages wholly or partially obscured by errata
slips, tissues, etc., have been refilmed to
ensure the best possible image/
Les pages totalement ou partiellement
obscurcies par un feuillet d'errata, une pelure,
etc., ont été filmées à nouveau de façon à
obtenir la meilleure image possible.

This item is filmed at the reduction ratio checked below/
Ce document est filmé au taux de réduction indiqué ci-dessous.

10X	14X	18X	22X	26X	30X	
		✓				

12X 16X 20X 24X 28X 32X

The copy filmed here has been reproduced thanks to the generosity of:




Metropolitan Toronto Library
Canadian History Department

The images appearing here are the best quality possible considering the condition and legibility of the original copy and in keeping with the filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed beginning with the front cover and ending on the last page with a printed or illustrated impression, or the back cover when appropriate. All other original copies are filmed beginning on the first page with a printed or illustrated impression, and ending on the last page with a printed or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche shall contain the symbol → (meaning "CONTINUED"), or the symbol ▽ (meaning "END"), whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at different reduction ratios. Those too large to be entirely included in one exposure are filmed beginning in the upper left hand corner, left to right and top to bottom, as many frames as required. The following diagrams illustrate the method:



L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la générosité de:


Metropolitan Toronto Library
Canadian History Department

Les images suivantes ont été reproduites avec le plus grand soin, compte tenu de la condition et de la netteté de l'exemplaire filmé, et en conformité avec les conditions du contrat de filmage.

Les exemplaires originaux dont la couverture en papier est imprimée sont filmés en commençant par le premier plat et en terminant soit par la dernière page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration, soit par le second plat, selon le cas. Tous les autres exemplaires originaux sont filmés en commençant par la première page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration et en terminant par la dernière page qui comporte une telle empreinte.

Un des symboles suivants apparaîtra sur la dernière image de chaque microfiche, selon le cas: le symbole → signifie "A SUIVRE", le symbole ▽ signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être filmés à des taux de réduction différents. Lorsque le document est trop grand pour être reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite, et de haut en bas, en prenant le nombre d'images nécessaire. Les diagrammes suivants illustrent la méthode.



LEABHAR AITHGHEARR

A'

CHEASNACHAIDH;

A Shonruich

ARD SHEANADH EAGLAIS NA H-ALBA

SU BHI 'NA SHEOLADI CEASNACHAIDI.

AIR A THARRUING

CHUM GÆLIC ALBANNAICH.

AIR IARRTUS NA GUIDEACHD URRAMAICH, A TA CHUM EOLAS CRIOSDUIDIR
A SGAOILEADH AIR FEADH GAELTACHD AGUS EILEANA NA H-ALBA.

TORONTO:

CLO-BRUALITE IS SGAIOLTE MACH LE E. LESSLIE'S AMHIE.

1835.

LEABHA

860506

1. CEIST.

FREAGRAI
ghlòrachadh

2. C. Cio
cinnas a d
tuinn?

F. 'Se fo
turibh an t-
an aon riagh
ghlòrachadh

3. C. Ci

F. Tha n
eòir do'n d
dleasdanas a

4. C. Ci

F. Is sp
agus neo-e
churachadh
agus 'na fh

5. C. A

F. Cha
sior.

6. C. Ci

F. Tha
Mac, agus
Dia iad, ion
is ann an g

7. C. C

F. 'Siad



LEABHAR AITHGHEAR NAN CEIST.

1. **CEIST.** *Ciod is crìoch àraid do'n duine?*

FREAGRADH. 'Si is crìoch àraid do'n duine, Dia a ghlòrachadh, agus a mhéaltuinn gu sìrraidh.'

2. **C.** *Ciod an riaghailt a thug Dia dhuinn g'ar seoladh cionnas a dh'fheudas sinn a ghlòrachadh agus a mheat-tuinn?*

F. 'Se focal Dè, a ta air a chur sios ann an scriobh-tuiribh an t-Seann Tiomniadh agus an Tiomniadh Nuaidh, an aon riaghailt g'ar seòladh cionnas a dh'fheudas sinn a ghlòrachadh agus a mheatuinn.'

3. **C.** *Ciod a tha na scriobtuire gu h-àraid a'teagasc?*

F. Tha na scriobtuire gu h-àraid a'teagasc gach ni is còir do'n duine chreidsinn mu thimchioll Dè, agus an dleasdanais a tha Dia ag iarruidh air an daine.

4. **C.** *Ciod e Dia?*

F. Is spiorad Dia, a ta neo-chriochnach, bitbhuan, agus neo-chaochluidheach, 'na bhith, 'na għliocas, 'na churchachd, 'na naomhachd, 'na cheartas, 'na mhaitheas, agus 'na fħirian.

5. **C.** *Am bheil tuilleadh Dèe ann ach aon?*

F. Cha 'n 'eil ann ach aon a mbàin, an Dia bèo agus finn.

6. **C.** *Cia lion pearsa a ta san Diadhachd?*

F. Tha tri pearsaidh san Diadhachd, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh; agus an triùr so is aon Dia iad, ionann ann an nàtur, coimeas ann an cumhaechd is ann an glòir.

7. **C.** *Ciod iad ordraighean Dè?*

F. 'Sìad ordraighean Dè, a rùn sìrruidh do réir com-

hairle a thoile, leis an d'orduich e roimh làimh, chum a ghàidh fein, gach ni a thig gu crich.

S. C. Cionnas a tha Dia a' cur ordraighean an gniomh?

F. Tha Dia a' cur ordraighean an gniomh ann an oib-ribh a' chruthachaidh agus an fhreasdail.

9. C. Ciod i obair a' chruthachaidh?

F. 'Si obair a' chruthachaidh, Dia a dhéanamh nan uile nithe do neo-ni, le focal a chumhachd, ann an sèa laithibh, agus gach uile ni ro mhaith.

10. C. Cionnas a chruthaich Dia an duine?

F. Chruthaich Dia an duine fear agus bean, a rèir a choslaist fein, ann an eòlas fìreantachd, agus naomhachd, le uachdaranaichd osciannan creutairean.

11. C. Ciod iad oibre freasdail Dè?

F. 'Siad oibre freasdail Dè, e bhi coimhead agus a', riaghlaigh a chreutairean uile le'n uile ghniomharaibh, gu ro-naomh, ro-ghlic, agus ro-chumhachdach.

12. C. Ciod an gniomh àraid freasdail a rinn Dia a thaobh an duine san staid anns an do chruthaicheadh e?

F. 'Nuair a chruthaich Dia an duine, rinn e co-cheanagal beatha ris, ag iarruidh ùmhl achd ionlain air mar chumha; agus a' toirmseasg dha itheadh do chraoibh colais maith is uile, fuidh phèin a' bhàis.

13. C. An d'fhan ar ceud sinnseara san staid anns an do chruthaicheadh iad?

F. Air bhi d'ar ceud sinnsearaibh air am fàgail gu saorsa an toile fein, thuit iad o'n staid anns an do chruthaicheadh iad, le peacachadh an aghaidh Dhe.

14. C. Ciod e peacadh?

F. 'Se peacadh briseadh lagha Dhe.

15. C. Ciod am peacadh leis an do thuit ar ceud sinnseara o'n staid anns an do chruthaicheadh iad?

F. B' e 'm peacadh leis an do thuit ar ceud sinnseara o'n staid anns an do chruthaicheadh iad, gu d'ith iad am meas toirmisgte.

16. C. An do thuit an cinneadh-daonna gu lèir ann an ceud pheacadh Adhaimh?

F. Air bain do'n cho-cheangal air a dheaaamh ri Adhaimb,
cha b'ann a mhàin air a shon fein, ach airson a stliochd,
uime sin, an cinneadh-daonna gu lèir, a thainig uaith le
ginealach a gnàthaichte, pheacaich iad ann, agus thuit iad
leis, anns a' cheud chioata.

17 C. *Ciod an staid gus an d'thug an tragadh an cinneadh daonna?*

F. Thug an leagadh an cinneadh-daonna gu staid peacaidh agus truaighe.

18 C. *Ciod peacadh na staid sinn anns an do thuit an duine?*

F. 'Se peacadh na staid sin anns an do thuit an daine,
a bhi fuidh chionta ceud pheacaidh Adhaimb, fuidh eas-
bhuidh na ceud fhireantachd, agus fuidh thruaillidheachd
a nàtuir gu h-iomlan, ri'n goirear peacadh gin, maille ris
gach peacadh gaiomh a ta sruthadh uaith so.

19 C. *Ciod i truaighe na staid anns an do thuit an duine?*

F. Trid an leagaidh, chaill an cinneadhdaonna gu lèir
co-chomunn ri Dia, tha iad fuidh sheirg agus mhallachadh
Dhè; agus mar sin buailteach do gach uile thruaighe sa'
bheatha so, do'n bhàs fein, is do phiantaibh ifrión g'
siorruidh.

20 C. *An d'fhàg Dia an cinneadh-daonna uile gu bhi cailte ann an staid peacadh agus truaighe?*

F. Air do Dhia, o fhior ghean maith fein, cuid a
thaghadh roimh thoiseach an t-saoghal chum na beatha-
mairtheannaich, rinn e co-cheangal gràis riù, gu'n saoradh
o staid peacaidh agus truaighe, agus an toirt gu staid
slainte trid Fir-saoraidh.

21. C. *Co e Fear-saoraidh dhaoine taghta Dhe?*

F. 'Se aon Fhearr-saoraidh dhaoine taghta Dhe, an
Tighearn Iosa Criod, neach, air bhi dha 'na Mhae
siorruidh do Dhia, a rinneadh 'na dhuine, agus mar sin a
bha, agus a ta 'na Dhia is 'na dhuine ann an dà nàtur
eadar-dhealuichte, agus ann an aon phearsa gu siorruidh.'

22. C. *Air bhi Chriosd 'na Mhae do Dhia, cionnas a rinneadh e 'na dhuine?*

F. Rinneadh Criod, Mac Dhe, 'na dhuine, le corp fioc agus annan reusonta ghabhail da fein, tir dha bhi, le cumhachd an Spioraid Naoimh, air a ghabhail am broina na h-eighe Muire, is air a bhreith leatha, ach suor o pheacadh.

23. C. *Ciol na dreuchdan a tha Criod a' cur an gniomh mar ar Fear-saoraidh?*

F. Tha Criod mar ar Fear-saoraidh, a' cur an gniomh dreuchdan Fàidh, Sagairt agus Righ, araon ann an staid iriosiachaidh agus ardachaidh.

24. C. *Cionnas a tha Criod a' cur dreuchd Fàidh an gniomh?*

F. Tha Criod a' cur dreuchd Fàidh an gniomh, le toil Dè chum ar slàinte fhoillseachadh dhuinn, le fhocal agus le Spiorad.

25. C. *Cionnas a tha Criod a' cur dreuchd Sagairt an gniomh?*

F. Tha Criod a' cur dreuchd Sagairt an gniomh le e fein a thoirt suas aon uair mar iobairt, chum ceartas Dè a dhìoladh, agus sinne a dheanamh rèidh ri Dia, agus le gnath-eadar-għuiċċe a dheanamh air ar son.

26. C. *Cionnas a tha Criod a' cur dreuchd Righ an gniomh?*

F. Tha Criod a cur dreuchd Righ an gniomh le sinne chur so cheannsal de fèin, le'r riaghladh agus ar diouadh, agus le cosgadh a chur, is buaidh a thoirt, air na h-uile a ta'n naimhdibh dhàsan agus dhuiane.

27. C. *Cionnas a bha Criod air irioslachadh?*

F. Bha Criod air irioslachadh le bhi air a bhreith, agus sin ann an staid fòsail, air a dheanamh fuidh'n lagh, dol fuidh thruaighibh na beatha so, fuidh fheirg Dhè, agus fuidh bhàs malluichte a' chroinn-cheusaiddh, le bhi air adhla-cadh, agus le fuireach fuidh chunhachd a' bhàis ré seal.

28. C. *Cionnas a ta Criod air ardachadh?*

F. A ta Criod air ardachadh le aiseirigh o na marbh-aibh air an treas là, le dhòs suas air neamh, le suidh air deaslainmh Dhé an Athar, agus le teachd a thoirt breith air an t-saoghal air an là dheireannach.

29. C. *Cionnas a tha sian air deanamh 'nar luchd copairt do'n t-saorsa a choisinn Criod?*

F. Tha sian air ar deanamh 'nar luchd co-pairt do'n t-saorsa a choisinn Criod, le i bhi air a cur ruinn gu h-eiseachdach le a Spiorad Naomh-san.

30. C. Cionnas a tha 'n Spiorad a' cur ruinn na saorsa a choisinn Crìosd?

F. Tha 'n Spiorad a' cur ruinn na saorsa a choisinn Crìosd, le creidimh oibreachadh annainn, agus ar dhù-cheangal le sin ri Crìosd 'nar gairm èiseachdach.

31. C. Ciod i a' ghairm èiseachdach?

F. 'Si a' ghairm èiseachdach obair Spiòrad Dé, leis am bheil e 'gar toirt gu mothachadh d'ar eonta agus d'ar truaighe, a' soillseachadh ar n-inntinn le eòlas Chriosd, ag ath-nuadhachadh ar taile, agus mar sin 'gar deanamh deònach agus comasach air Iosa Crìosd a dhlu-ghabhail d'ar n-ionnsuidh, mar a tha e air a thairgseadh dhuinn gu saor anns an t-soisgeul.

32. C. Ciod na sochairean a tha iadsan a ta air an gairm gu h-eiseachdach a faghail anns a' bheatha so?

F. Tha iadsan a ta air an gairm gu h-eiseachdach a' faghail anns a' bheatha so fireanachaidh. mhacachd, naomhachaidh, agus gach aon sochair eatha so 'nan cuideachd sin, no a' sruthadh uatha

33. C. Ciod e fireanachadh?

F. Is e fireanachadh gniomh saor gheanmaith Dhè, leis am bheil e a' maitheadh dhuinn ar n-uile pheacaidh, agus a gabhail ruinn mar fhianais, agus sin amhàin air sgàth fireantachd Chriosd, air a meas dhuinn, is air a gabhail thugainn le creidimh a mhàin.

34. C. Ciod i uchd-mhacachd?

F. 'Si uchd-mhacachd gniomh saor gheanmaith Dhè, leis am bheil sinn air ar n-athnuadhachadh sàr duine gu h-iomlar, a rèir coslais Dè, agus air ar deamamh comasach ni's mò agus ni's mò gu bàsachadh do pheacadh, is teachd beo do fhireantachd.

35. C. Ciod e naomhachadh?

F. 'Se naomhachadh obair saor-ghràis Dè, leis am bheil sinn air ar n-athnuadhachadh sàr duine gu h-iomlar, a rèir coslais Dè, agus air ar deamamh comasach ni's mò agus ni's mò gu bàsachadh do pheacadh, is teachd beo do fhireantachd.

36. C. Ciod na sochairean at a sa' bheatha so a' teachd an cuideachd no a, sruthadh o fhìreanachadh, uchd-mhacachd agus naomhachadh?

F. 'Siad na sochairean a ta sa' bheatha so a' teachd an cuideachd no a' sruthadh o fhìreanachadh, uchd-mhacachd agus naomhachadh, dearbh-bheachd air gràdh Dhè, sith coguis, aoibhneas ann san Spiorad Naomh, fàs ann an gràs, agus buanachadh ann gu ruig a' chrioch.

37. *Ciod na sochairean a ta creidmhich a' saghail o Chriosd ri h-àm am bàis?*

F. Tha anama nan creidmheach i. h-àm am bàis air an deanamh iomlan ann an naomhachd, is air ball a' dol gu glòir: agus a ta an cuirp, air dhoibh bhi sior-cheangailte ri Chriosd, a' gabhail fois 'nan uaighibh gu ruig an aiseirigh.

38. C. *Ciod na sochairean a ta creidmhich a' saghail o Chriosd anns an aiseirigh?*

F. 'San aiseirigh, bitnidh na creidmhich air dhoibh bhi air an togail suas ann an glòir, air an aideachadh gu follaiseach, is air an saoradh air là a' bhreitheanais, agus air an deanamh uile-bheannaichte ann an Dia a làn-mheal-tiun gu siorruidh.

39. C. *Ciod e an dleasdanas e tha Dia ag iarruidh air an duine?*

F. 'Se'n dleasdanas a tha Dia ag iarruidh air an duine, ùmhachd d'a thoil a ta foillsichte.

40. C. *Ciod an riaghaitt ùmhachd a thug Dia air tùs do'n duine?*

F. B'i an raighaitt ùmhachd a thug Dia air tùs do'n duine lagh nam modhanna.

41. C. *C' ait am bheil lagh nam modhanna air a chur sios gu h-aithghearr?*

F. Tha lagh nam modhanna air a chur sios gu h-aithghearr anns na deich àitheantaibh

42. C. *Ciod is suim do na deich àitheantaibh?*

F. 'Si is suim do no deich àitheantaibh, An Tighearn ar Dia a ghràdhachadh le'r n-uile chridhe, le'r n-uile anam, le'r n-uile neart, agus le'r n-uile inninn; agus ar coimhearsnaich a gràdhachadh mar sinn fein?

43. C. *Ciod e roimh-radh nan deich àitheantan?*

F. Tha roimh-ràdh nan deich àitheantan air a chur sios

anns na briathraibh so, “*Is mise an Tighearna do Dhia, a thug a mach thu a tir na h-Eiphit, a ligh na daorsa.*”

44. C. *Ciod a tha roimh-ràdh nan deich àitheantan a' teagasg dhuinn?*

F. Tha roimh-ràdh nan deich àitheantan a' teagasg dhuinn, a chionn gu e Dia is Tighearn ann, agus gur e is Dia agus Fear saoraidh dhuinne, uime sin gu bheil e dh'fhiachaibh oirnn àitheantan uile a choimhead.

45. C. *Ciod i a' cheud àithne?*

F. ‘Si a’ cheud àithne, “*Na biodh Dèe sam bith eile agad a' m' làthair-sa.*”

46. C. *Ciod a tha a' cheud àithne ag iarruidh?*

F. Tha a’ cheud àithne ag iarruidh oirnn aithneachadh agus aideachadh gur e Dia a mhàin an Dia fìor, agus ar Dia-ne; agus aoradh is glòir a thoirt dhà do rèir sin.

47. C. *Ciod a tha a' cheud aithne a' toirmeasg?*

F. Tha a’ cheud àithne a’ toirmeasg an Dia fìor àich-eadh, no dearmad a dheanamh air aoradh agus glòir a thoirt da mar Dhia, agus mar ar Dia-ne; no’n t-aoradh agus a’ ghloir a dhlighear dhàsan a mhàin, a thoirt do neach air bith eile.

48. C. *Ciod a tha gu sònraicht’ air a’ theagasg dhuinn leis na briathraibh so sa’ cheud àithne ‘a'm' làthair-sa?’*

F. Tha na briathra so sa’ cheud àithne “*a'm' làthair-sa*” a’ teagasg dhuinn, gu bheil Dia, d'an lèir na h-uile nithe, a toirt aire do'n pheacadh so, eadhon, dia sam bith eile bhi againn, agus gu bheil e ro-dhiombach ir a shon:

49. C. *Ciod i 'n dara àithne?*

F. ‘Si ’n dara àithne, “*Na dean dhuit fein dealbh snaidhte, no coslas sam bith a dh'aon ni, a ta sna nèamhaibh shwas no air an talamh shios, no sna h-uisgeachaibh fuidh 'n talamh. Na crom thu fein sios doibh, agus na dean seirbhis doibh; cir mis' an Tighearna do Dhia is Dia cudmor mi, a'leanntinn aingidheachd nan aithriche air a' chloinn, air an treas, agus air a' cheathramh ginealach dhuibhsan a dh'fhuathaicheas mi; agus a' nochdadh tròcair do mhìltibh dhiubhsa na ghràdhaicheas mi, agus a choimhdeas m' àitheanta.*”

50. C. *Ciod a tha 'n dara aithne ag iarruidh ?*

F. Tha'n dara àithne ag iarruidh gabbail ris gach uile
ghnò aoraidh agus òrduigh dhiadhaidh a dh'àithn Dia 'na
f'focal, agus an coimhead agus an gleidheadh fior-ghlan
agus iomlan.

51. C. *Ciod a tha 'n dara aithne a' toirmeasg ?*

F. Tha 'n dara aithne a' toirmeasg aoradh a thoirt do
Dhia le dealbhaibh, no air sheòl sam bith eile nach 'eil
orduichte 'na f'focal.

52. C. *Ciod na reusoin a tha ceangailte ris an dara
àithne ?*

F. 'Siad na reusoin a tha ceangailte ris an dara àithne,
ard-uachdaranaachd Dhè os ar eionn, a shealbh-chòir ann
ainn, agus an t-eud a ta aige d'a aoradh fein.

53. C. *Ciod i an treas àithne ?*

F. 'Si 'n treas aithne "Na tabhair ainm an Tighearna
do Dhe an diomhanas ; oir cha mheas an Tighearna neo-
chiontach esan a bheir ainm an diomhanas.

54. C. *Ciod a tha 'n treas àithne ag iarruidh ?*

F. Tha 'n treas àithne ag iarruidh ainmean, buaidhean,
feartan, òrduighean, briathran, agus oibre Dhè a ghuitha-
chadh gu naomh, agus gu h-urrainnach.

55. C. *Ciod a tha 'n treas àithne a toirmeasg ?*

F. Tha 'n treas àithne a toirmeasg minaomhachadh no
mi-ghnàthachadh ni sam bith leis am bheil Dia ga thoill-
seachadh fein.

56. C. *Ciod an reuson a tha ceangailte ris an treas
àithne ?*

F. 'Se 'n reuson a tha ceangailte ris an treas àithne,
ge d' fheud luchd-briseadh na h-àithne so dol as o dhiogh-
altais o làimh dhaoine, gidheadh nach fuiling an Tighearn
ar Dia dhoibh dol as o cheart bhreitheanas fein.

57. C. *Ciod i a' cheathramh àithne ?*

F. 'Si a' cheathramh àithne, "Cuimhnich là na Sàbaid
a naomhachadh. Séa laithean saothraichidh tu, agus ni
thut' obair uile. Ach air an t-seachdamh là tha Sàbaid an
Tighearna do Dhe : air an la sin na dean obair sam bith,

thu fein, no do mhac, no do nighean, d' òglach, no do bhan oglach, no d'ainmhidh, no do choigreach a ta 'n taobh a stigh do d' gheataibh ; oir ann an sèa làithibh rinn an Tighearna na neamhan agus an talamh, an fhairge agus gach ni a ta annta ; agus ghabh e fois air an t-seachdamh la ; air an oabhar sin bhearnaich an Tighearna là nà Sabaid agus naomhaich se e."

58. C. *Ciod a tha a' cheathramh àithne ag iarruidh ?*

F. Tha a' cheathramh àithne ag iarruidh na h-àmanna suidhichte a dh'òrdúich Dia 'na fhocal a choimhead naomha dhà ; gu sònraichte aon là iomlan do na seachd làithibh, gu bhi 'na shàbaid naomha dhà fein.

59. C. *Ciod an lù do na seachd làthaibh a dh'òrdúich Dia gu bhi 'na shàbaid ?*

F. O thoiseach an t-saoghal gu aiseirigh Chrìosd. dh'òrdúich Dia an seachdamh là do'n t-seachduin gu bhi 'na shàbaid, agus riabh o sin gu ruig deireadh an t-saoghal, a' cheud là do'n t-seachduin ; 'si sin Sabaid nan Crìos-duidhean.

60. C. *Cionnas is còir an t-Sabaid a naomhachadh ?*

F. Is Còir an t-Sabaid a naomhachadh le tàmh naomh a ghabhail rè fad an là sin, eadhon o gach uile ghnothuch saoghalta agus cluiche a ta ceadaichte air làithibh eile, agus leis an ùine uile a bhuleachadh ann an oibríbh na diadhachd gu diomhair águs gu follaiseach, saor o mheud is a ta feumail a chaitheamh ann an oibríbh na h-éigin agus na tròcaire.

61. C. *Ciod a tha a' cheathramh hàithne a toirmseasg ?*

F. Tha a' cheathramh àithne a' toirmseasg na dleasdanais a tha air an iarruidh oirnn a dhearmad no dheanamh le mi-chùram, an t-sàbaid a mhi-naomhachadh le diomhannas, no le ni sam bith a dheanamh a ta cronail, no le smuaintibh, briathraigheibh no gniomharaibh neo-fheumail mu'r gnothuichibh saoghalta, no ri cluiche agus sùgradh.

62. C. *Ciod na reusoin a tha ceangailte ris a cheathramh àithne ?*

F. 'S iad na reusoin a tha ceangailte ris a' cheathramh àithne, gu bheil Dia a' ceadachadh dhuinn sèa làithe do'n

t-seachduin air son ar gnothuichean fein, gu bheil e 'g ag-radh còir àraid air an t-seachdamh là, gu d'thug e fein duinn eisampleir, agus gu do bheannaich e là na Sàbaide.

63. C. Ciod i a' chùigeadh àithne ?

F. 'Si a' chùigeadh àithne, "Tabhair onoir do t'athair, agus do d'mhàthair; a chum os gu 'm bi do laithean buon air an fhearann a tha 'n Tighearna do Dhia a' toirt dhuit."

64. C. Ciod a tha a' chuireadh àithne ag iarruidh ?

F. Tha a' chuireadh àithne ag iarruidh an t-urram a gheleidheadh, agus an dleasdanas a choilionadh, a bhui-neas do gach neach anns gach inbhe aird no'n inbhe iosail, no 'n coimeas inblié.

65. C. Ciod a tha a' chuireadh àithne a toirmeasg ?

F. Tha a' chuireadh àithne a' toirmeasg ni sam bith a dhearmad no dheanamh an aghaidh an urraim agus an dleasdadais a bhui-neas do gach neach, a rèir an inbhe agus an dàimh fa leith.

66. C. Ciod an reuson a tha ceangailte ris a' chuireadh àithne ?

F. 'Se'n reuson a tha ceangailte ris a' chuireadh àithne, gealladh air sacghal fada agus soirbheachadh (a rèir mar a f hreagras sin do ghloir Dhe, is d'an leas fein) do uile luchd-coimhid na h-àithne so.

67. C. Ciod i 'n t-seathadh àithne ?

F. 'Si 'n t-seathadh àithne, "Na dean mortadh."

68. C. Ciod a tha 'n t-seathadh àithne ag iarruidh ?

F. Tha 'n t-seathadh àithne ag iarruidh gach uile dhìchill laghail chum ar beatha fèin is beatha dhaoin' eile a choimhead.

69. C. Ciod a tha 'n t-seathadh àithne a' toirmeasg.

F. Tha 'n t-seathadh àithne a' toirmeasg ar beatha fèin, no beatha ar coimhearsnaich a thoirt ar falbh gu h-eucorach, no ni sam bith a chuidicheas gu sin a dheanamh.

70. C. Ciod i'n t-seachdamh àithne ?

F. 'Si i'n t-seachdamh àithne, "Na dean adhaltrannas."

71. C. Ciod a tha'n t-seachdamh àithne ag iarruidh ?

F. Tha 'n t-seachdamh àithne ag iarruidh ar geannuidheachd fèin is geannuidheachd ar coimhairsnaich a choimhead, ann an cridhe, an cainnt, agus am beusaibh.

72. C. *Ciod a tha 'n t-seachdamh àithne a' toirmeasg ?*

F. Tha 'n t-seachdamh àithne a' toirmeasg gach uile smuain, bhriathar agus ghniomh nea-gheannuidh.

73. C. *Ciod i' n t-ochdamh àithne ?*

F. 'Si 'n t-ochdamh àithne, " *Na dean galuidhencd.*"

74. C. *Ciod a tha 'n t-ochdamh àithne ag iarruidh ?*

F. Tha'n t-ochdamh àithne ag iarruidh gach meadhon laghail a ghnàthachadh chum maoin agus saibhreas fhao-tainn is a mheudachadh dhuiun fèin, agus do dhaoin' eile.

75. C. *Ciod a tha 'n t-ochdamh àithne a' toirmeasg ?*

F. Tha'n t-ochdamh àithne a' toirmeasg gach ni a bhacas air maoin agus saibhreas fein, no maoin agus saibhreas ar coimhairsnaich gu h-eucorach.

76. C. *Ciod i an naothadh àithne ?*

F. 'Si an naothadh àithne, " *Na tabhair fiannuis bhreige 'n aghaidh do coimhairsnaich.*"

77. C. *Ciod a tha 'n naothadh àithne ag iarruidh ?*

F. Tha'n naothadh àithne ag iarruidh an fhìrinn a choimhead eadar duin' is duine, agus ar deagh ainm fein is deagh ainm ar coimhairsnaich a sheasamh, gu sòraichte ann am fianuis a thabhairt.

78. C. *Ciod a tha 'n naothadh àithne a toirmeasg ?*

F. Tha'n naothadh àithne a' toirmeasg gach ni a bhios cronail do'n fhìrinn, no a ni coire d'ar deagh ainm fein, no do dheagh ainm ar coimhairsnaich.

79. C. *Ciod i 'n deicheamh àithne ?*

F. 'Si 'n deicheamh àithne, " *Na sanntaich tigh do choimhairsnaich, na sanntaich bean do choimhairsnaich, no oglach no bhanoglach, no damh, no asal, no aon ni a's le do choimhairsnaich.*"

80. C. *Ciod a tha 'n deicheamh àithne ag iarruidh ?*

F. Tha'n deicheamh àithne ag iarruidh bhi lán thoil-ichte le'r staid fèin, agus rùn ceart agus seirceil a bhi a-guinn 'nar cridhe do'r coimhairsnaich is do gach ni a bhuineas dà.

81. C. *Ciod a tha 'n deicheamh àithne a' toirmeasg ?*

F. Tha'n deicheamh àithne a' toirmeasg gach uile tha-

lach air ar staid fein, farmad agus doilghios air son maith ar coimhearsnaich, agus gach togradh is rùn ea-cneasda do ni sam bith a ta aige.

82. C. *Am bheil neach sam bith comasach air aitheanta Dhé a choimhead gu foirfe?*

F. O leagadh ar ceud sinnseara, cha'n 'eil neach sam bith nach 'eil ach 'na dhuine a mhàin, comasach air aitheanta Dhé a choimhead gu foirfe sa' bheatha so, ach tha na h-uile gach la 'gam briseadh ann an smuain, ann am briathar, is ann an guionmh.

83. C. *Am bheil gach uile bhriseadh an lagha coimeas ann an uamharachd?*

F. Tha cuid do pheacaibh ionnta séin, agus le iomadh gnè an t-romachaidh, ni's uamhara na chéile am fianuis Dé.

84. C. *Ciod a tha gach aon pheacadh a' toiltinn?*

F. Tha gach aon pheacadh a toiltinn seirge agus malla-chaidh Dhe araon anns a' bheatha so, agus anns a' bheatha a ta ri teachd.

85. C. *Ciod a tha Dia ag iarruidh uainne chum as gu scud sinn dol as o fheirg agus o mhallaichadh san a thoill sin le'r peacaibh?*

F. Chum dol as o fheirg agus o mhallaichadh Dhé a thoill sian le'r peacaibh, tha Dia ag iarruidh uainn creidimh ann an Iosa Criod, aithreachas chum beatha, maille-ri gnàthachadh dìchiollach gach meadhoin o'n leith muigh leis am bheil Criod, a' pairteachadh ruinn shochairean na saorsa.

86. C. *Coid e creidimh ann an Iosa Criod?*

F. Creidimh ann an Iosa Criod, is gras slainteil e, leis am bheil sinn a' gabhail ris, agus ag earbsadh as 'na aonar air son slàinte, mar a ta e air a thairsgeadh dhuinn anns an t-soisgeul.

87. C. *Coid e aithreachas chum beatha?*

F. A' threachas chum beatha, is gràs slàinteil e, leis am bheil am peacach (air dha mothachadh ceart a ghabhail d'a pheacadh, agus do thròcair Dhé ann an Criod) le doilghios agus fuath d' a pheacadh, a' pilleadh uaith gu Dia, le lùn rùn agus dìchioll air nuadh àmhachd a thoirt da.

88. C. *Coid na meadhona o'n leth muigh leis am bheil Criod a pairteachadh ruinn shochairean na saorsa?*

F. 'Siad na meadhona o'n leth muigh leis am bheil Críosd a páirteachadh, ruinn shochairean na saorsa, órduighean sein, gu h-araid am focal, na sàcramainte, agus urnuigh; a ta uile air an deanamh éifeachdach chum slàinte do na daoinibh taghta.

89. C. Cionnas a tha'm focal air a deanamh éifeachdach chum slàinte?

F. Tha Spiorad Dhe a' deanamh leugbaidh, an shocailt, ach gu h-àraida shearmonachaibh, na mheadhon éifeachdach chum peacaich a theirt gu mothachadh is gu iompochadh, agus gu'n togail suas aam an naomheahd is an co-fhurtachd, tre chreidimh, chum slàinte.

90. C. Cionnas is còir am focal a leughadh agus eis-deachd, chum's gu bi e éifeachdach chum slàinte?

F. A chum's gu bi am focal éifeachdach chum slàinte, is feumail duinn aire a thoirt da le dàrachd, ullachadh agus urnaigh, a ghabhail thugainn le creidimh agus gradh, a thasgaidh 'nar cridheachaibh, agus a chur an gaiomh 'nar caithe-beatha.

91. C. Cionnas a tha na sàcramainte air an deanamh 'nam meadhonaibh eifeachdach chum slàinte?

F. Tha na sàcramainte air an deanamh 'nam meadhonaibh eifeachdach chum slàinte, cha'n ann o bhrigh sam-bith anna fein, no san ti a fhrithileas iad, ach tre bheanachadh Chriosd a mhàin, agus oibreachadh a Spioraid aonta-san a ghabhas iad le creidimh.

92. C. Ciod e sàcramaint?

F. Ordugh naomh a chuireadh air chois le Chriosd, anns am bheil Criesd agus sochairean a' chùmhainte nuaidh, air an samhlachadh, air an daingeachadh, agus air an curris na creidmhidh, le comháraibh faicsinneach.

93. C. Ciod iad sacramainte an Tiomnaidh Nuaidh?

F. 'Siad sàcramainte an Tiomnaidh Nuaidh, Baisteadh agus Suipeir an Tighearna.

94. C. Ciod e'm baisteudh?

F. Is sàcramainte, anns am bheil ionnlad le h-uisge, aam an ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh, a' ciallachadh, agus a' daingneachadh, gu bheil sinn air ar suidheachadh, ann an Chriosd, agus 'nar luchd-co-paint

de shochairibh cumhaainte nan gras, agus gu bheil sinn
tuidh ghealladh do'n Tighearna gu bi sinn leis-san.

95. C. Còr d'an còir am baisteadh a fhrithcaladh ?

F. Cha chòir an baisteadh a fhrithealadh do neach air
tith a tha 'n taobh a muigh do'n eaglais fhaicsinnich, gus
an aidich ea chreidimh ann an Criost agus ùmhlachd dha ;
ach is còir naoidheana na muinatir a ta 'nam buill do'n
eaglais fhaicsianich a bhaisteadh.

96. C. Ciod i suipeir an Tighearna ?

F. Is sàcramaint i, anns am bheil bàs Chroisid air
fhoillseachadh, ie aran agus sìon a thabhairt agus a ghab-
hail a réir orduigh fein ; agus tha iadsan a ghabhas so gu
h-iomchuidh, air an deanamh (cha'n ann air mhodh feòl-
mhar ach tre chreidimh) 'nan luchd co' pairt d' a chorpa
agus d'a fhail-san, le uile shochairibh, chum am beatha-
chaidh spioradail, agus am fàs ann an gràs.

97. C. Ciod is feumail a dheanamh chum suipeir an
Tighearna a ghabhail gu h-iomchuidh ?

F. Is feumail doibhsan leis am b'àiil suipeir an Tighearna a ghabhaill gu h-iomchuidh, iad féin a cheasnachadh
do thaobh an eòlais chum corp an Tighearna aithneachadh,
do thaobh an creidimh chum an t-anam a bheathachadh
leis, do thaobh an aithreachais, an graidh, agus an nuadh-
ùmhlachd ; air eagal, air teachd dhoibh gu neo-iomchuidh,
gu'n ith agus gu'n ol iad breitheanas dhoibh fein.

98. C. Ciod i urnuigh ?

F. 'Si urnaigh bhi cur suas ar n-athchuinge ri Dia air
sonnithe do rèir a thoile, ann an ainm Chriosc, ag aideach-
adh ar peacaidh, agus a' toirt buidheachais da arson a
thiodhlaca.

99. C. Ciod an riaghailt a thug Dia dhuinn g'ar seoladh
ann an urnuigh a dheanamh ?

F. Tha focal De gu h-uile 'gar seòladh ann an urnuigh
a dheanamh ; ach is i'n riaghailt shònraichte a sheòlas
sinn, an urnuigh sin a theagaitsg Criost d'a dheisciobluibh,
ri'n goirear gu coitchionn, "urnuigh an Tighearna."

100. C. Ciod a tha roimh-ràdh urnutgh an Tighearna
a teagast dhuin ?

F. Tha roimh-ràdh urnuigh an Tighearna (eadhon,—
"Ar n-Athair ata air nèamh") a' teagast dhuinn teachd

am sagus do Dhia leis gach uile urram naomh agus muinghin, mar chloinn chum an Athar, a ta comasach agus toileadh air cuideachadh leinn ; agus gur còir dhuinn urnuighe a dheanamh maille ri daoin' eile agus air an son.

101. C. Ciod a tha sinn u' guidheadh anns a' cheud iarrtus ?

F. Sa' cheud iarrtus (eadhon, "Gu naomhaicheadh 'ainm") tha sinn a' guidheadh gu ma toil le Dia sinne agus daoin' eile a dheanamh comasach air e fein a ghlòrachadh anns gach aon ni leis am bheil e 'ga fhoillseachadh fein ; agus gu stiùradh e na h-uile nithe chum a ghlòire fein.

102. C. Ciod a tha sinn a' guidheadh anns an dara iarrtus ?

F. 'San dara iarrtus (eadhon, "Gu tigeadh do ringhachd") tha sinn a' guidheadh, Gu biodh rioghachd Shatran air a sgrios, agus rioghachd nan gras air a meudachadh ; gu bi sinn fein is daoin' eile air ar toirt d'a h-ionnsuidh, agus air ar coimhead innse ; agus gu biodh rioghachd na glòire air a luathachadh.

103. C. Ciod a tha sinn n' guidheadh anns an treas iarrtus ?

F. 'San treas iarrtus (eadhon, "Gu deanar do thoil air thalamh mar a nitheair air neamh") tha sinn a guidheadh, Gu deanadh Dia sinn comasach agus deònach le ghras, gu eòlas a ghabhail air a thoil, agus a bhi freagarach is umhal d' i anns gach aon ni, mar a ta na h-aingil air nèamh.

104. C. Ciod a tha sinn a' guidheadh anns a' cheathramh iarrtus ?

F. Sa' cheathramh iarrtus (eadhon, "Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran lathail") tha sinn a' guidheadh, Gu saigheamaid, do shaor thoirbheartas Dé, cuibhrionn chuirneach do nithe maithe na beatha so, is gu mealamaid a bheannachadh leo.

105. C. Ciod a tha sinn a' guidheadh anns a' chùigeadh iarrtus ?

F. Sa' chùigeadh iarrtus (eadhon, "Agus, maith dhuinn ar fiacha, mar a mhaitheamaid d'ar luchd fiacha") tha sian a' guidheadh, Gu maitheadh Dia dhuinn gu saor ar n-uile pheacaidh, air sgà Chriosd ; agus is mò ar misneach

so iarruidh, gu bheil sinn air ar neartachadh, trid a ghráis,
gu maitheanas a thoirt o'r eridhe do dhaoinibh eile.

106. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns an t-seathadh iarrtus?*

F. 'S àn t-seathadh iarrtus (eadhon, "Agus na leig sinn am buaireadh, ach saor sinn o' olc") tha sinn a' guidheadh, Dia'gar gleidheadh o bhi air ar buaireadh chum peacaidh, nò ar cumail suas agus ar saoradh 'nuair a bhuairear sinn.

107. C. *Ciod a tha co-dhunadh urnuigh an Tighearna a' teagasg dhuinn?*

F. Tha co'-dhunadh urnuigh an Tighearna (eadhon, "Oir is leatsa an rioghachd, agus a' chumhachd, agus a' ghàdir, gu siorruidh, Amen") a teagasg dhuinn misneach ann an urnuigh a ghabhail o Dhia a mhàin, agus ann ar n-urnuigh esan a mholadh, le rioghachd, cumhachd, is glàdir a thabhairt da. Agus mar dhearbh' air ar miann agus ar làrnearbairdhi ri èisdeachd fhaghail, tha sinn ag ràdh.—*Amen.*

NA DEICH AITHEANTA.

ECSODUS XX.

Labhair Dia na briathra so uile, ag radh, Is mis' an Tighearna do Dhia, a thug amach thu a tir na h-Eiphit, a tigh na daorsa.

I. Na biodh dèe sam bith eile agad a'm' làthair sa.

II. Na dean dhuit sèin dealbh snaidhite, no coslas sam bith a dh'aon ni, a ta sna nèamhaibh shuas, no air an talamh shiòs, no sna h-uisgeachaibh fuidh 'n talamh. Na erom thu fein sios doibh, agus na dean seirbhisi doibh : oir mis' an Tighearna do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithreacha air a' chloinn, air an treas, agus air a' cheathairn ginealaich dhiubhsan a dh-fhuathaicheas mi, agus a' nochdadadh tròcair do mhiltibh dhiubhsan a ghràdhhaicheas mi, agus a choimhideas m'aithéanta.

III. Na tabhair ainnm an Tighearna do Dhe an diomhanas : oir chuimeas an Tighearna neo-chiontach esan a bheir ainnm an diomhanas.

IV. Cuimhnich là na sàbaid a naomhachadh. Sèa laithean saothraichidh tu, agus in thu t'obair uile. Ach air an t-seachdadh là tha sàbaid an Tighearna do Dhè ; air an là sin na dean obair sam bith, thu fein, no do mach, no do nighean, d'òglach, no do bhan-oglach, no d'ainmhidh, no do choigreach a ta 'n taobh a stigh do d' gheataibh ; oir ann an sèa laithibh rinn an Tighearna na nòamhan agus an talamh, an fhairge, agus gach ni a ta anna ; agus ghabh e fois air an t-seachdadh là ; air an aobhar sin bheannaich an Tighearna là na sàbaid, agus naomhaich se e.

V. Tabhair onoir do t'athair, agus do d' mhàthair, a chum as gu'm bi do làithean buan air an flearann a tha'n Tighearna do Dhia a'toirt dhuit.

VI. Na dean mortadh.

VII. No dean adhaltrannas.

VIII. Na dean gaduigheachd.

IX. Na tabhair fianais bhrèige 'n aghaidh do choimhairsnaich.

X. Na sanntaich tigh do choimhairsnaich ; na sanntaich bean do choimhairsnaich, no òglach, no bhan-oglach, no dhaimh, no asal, no aon ni a's le do choimhairsnaich.

URNUIGH AN TIGHEARNA.

MATA VI.

Ar n-Athair a ta air nèamh, Gu naomhaichear t'ainm.
 Gu tigeadh do rioghachd. Gu deanar do thoil air thalamh,
 mar a nitheair air nèamh. Tabhair dhuinn an diugh ar u-
 aran lathail. Agus maith dhuinn ar siacha, mar a mhaith-
 eamaid d'ar luchd-siacha. Agus na leig sian am buair-
 eanh, ach saor sinn o ole : Oir is leatsa an rioghachd, agus
 an cumhachd, agus a' ghildir, gu siorruidh. *Amen.*

A' CHREID.

Creideam ann an Dia an t-Athair Uilechumhachdach,
 Cruith-fhear nèimh agus na talmhainn ; agus aon an Iosa
 Criosd, aon mhac-san, ar Tighearna, neach a ghineadh
 o'n Spiorad Naomh, a rugadh leis an Oigh Muire ; a
 dh'fhuiling fuidh Phontius Pilat, a cheusadh, a fhuaire bàs
 agus a dh'adhlaiceadh, a chaidh sioc do staid nam marbh,
 a dh'èirich a ris o na marbhaibh air an treas là, a chaidh
 suas air nèamh, agus a ta 'na shuidhe air deas-laimh Dhe
 an Athair Uilechumhachdaich, agus as sin a thig a thoirt
 breith air na beothaibh agus air na marbhaibh. Creideam
 anns an Spiorad naomh, anns an eaglais naoimh choitch-
 ionn, ann an co-chomunn nan naomh, ann am maitheanas
 peacaidh, ann an aiserigh a' chuirp, agus anns a' bheatha
 mhairtheannaich. *Amen.*

URNUIGH MHADAINN.

O DHE thròcairich, agus Athair, trid Iosa Criod ; amhaire a nuas le iochd air creutair truagh ata air tuitim uait. Chaidh mi air seachran uait's o'n bhriomh, seadh ghineadh agus rugadh mi fòs ann am peacadh. O thoir mothachadh dhomh, araon air mo pheacaidh 's air mo thruaighe, gu bheil mi salach agus truagh, dall agus lom-nochd, am feadh 'sa tha mi as eug'ais Chriosd. Ann an ceartas ata mi toilltinn feirg agus ifrinn ; agus mur gleidheadh tua Slànui-fhear dhomh, bhithinn caillte gu bràth.

O Dhe dean èolach mi ar Criod mo Shlànai-fhear ; agus biodh m' anam neo-ghlan ar ionnlad ann an tobar fhola phriseil : Agus oibrich annam aithreachas thaobh Dhe, agus creidimh thaobh an Tighearna Iosa Criod.

O gu 'm bithinn a' m' aon do dheiscioblaibh Chriosd, air mo theagascg le àitheanta, air mo cheannach le fhuil, agus a' m' fhear leanmhuin air eisiomplair a bheatha.

A Tighearna, thoir gràs dhamh chum gradh thoirt dhuits' le m' uile chridhe, agus luaidh thoirt air t'Ainn le h-urram, 's do shàbaide choimhead le tlachd, agus t'focal eisteachd le furachras.

O Dhe, na tionnsgain ann an breitheamhnas le peacach truadh droch thoilltineach. 'S leat fein mi thaobh co-cheangail mo bhaiste, ged, mo thruaighe, bha mi neo-sheasmhach fealltach ann sa' cho-cheangal sin, dhearmaid mi Dia mo Chruthai-fhear, mo Shlànaifhear agus mo Naomh-fhear, d'an robh mi 'n ceangal ; agus dh' eist mi ris an Diabhol, an saoghal' agus an fheòil, ris an do chuir mi cùl.

O Dhe na leig do m' pheacadh 's do m' aimideachd sruth do thròcair chaoimh a thionndadh uam an diu : ach dean e 'na la aithreachais augs maitheamhnais do m' a-nam. Nochd thu fein a' d'Athair, rèidh rium, agus gabh rium, mar do dhuine cloinne fein, air sgath do Mhic ionmhuinn Iosa Criod, ann sa bheil do mhòr-thoil ; Dhàsan, mailleriuts', agus ris an Spiorad Naomh, gu 'n robh glòir gu siorruidh. *Amen.*

URNUIGH FHEASCAIR.

O DHE naomh agus ghlòirmhor, thug thuas an la 'n diu' agus ioma là eile dhomh, dh' oibreachadh 'mach mo shláinte. Ach mo thruaighe! mhi-bhuilich mi m' aimsir, 's mhi-naomhaich mi do shàbaidibh, agus dhicheimhui ch mi m' anam agus mo Shlànaisfhear. Rugadh mi ann am peacadh, agus chaith mi mo bheatha ann am peacadh; agus bha mi neo-chùramach mu' n obair siu chum an do chruthaicheadh mi. O DHE, is creutair ro-chionntach mi, ata aireamh mo pheacaidh ro-mhor, agus an gnè ro-screitidh. Ach agads' tha maitheamhnas chum 's gu'n gabht' eagal romhad. A Tighearna bàth mo pheacaidh ann an cuan tòla' Chriosd, chum 's nach bàite in' anaim ann an cuan t's heirgs'.

Bheirim buadheachas dhuits' O Tighearna arson là na sàbaide, an soisgeul, agus meadhonajbh, na sláinte. O naomhaich mo chridhe, agus neartaich mo chuimhne chum greim dheanamh air t' f'ocal; agus deònuich dhomh cha'n e mhàin bhi am shear-èisteachd, ach am shear deanaimh an f'hocail. A Thighearna oibrich annam fior chreidimh, gràdh laiste, agus beo dhòchas. On gu'n eignicheadh gràdh Chriosd mi chum' teicheadh o pheacadh, agus chum ruith ann an stighibh d' àitheantaibhs'!

O Thighearna cuidich leam air feascar an là 'n diu cuimhneach' air feascar mo bheatha, agus oidhche bhàis a ta teannadh orm, ann 's nach urrainn aon neach obair sam bith a dheànamh. O gu'm bithinn glie chum ullmhachadh air chionn na i.-oidhche sin; agus fein a dheanamh do Chriosd mar m' Urras, a dhioladh m' fhiacha, agus a rèiteachadh mo chùisc, chum air chionn a' bhàis gu'm bidh sìth deadh-choguis agam, agus dòchas le deadh adhbhar re tachairt air Breitheamh rèidh rium, agus sàbaid shiorruidh mhealtuin maille re Chriosd shuas air neamh gun oidhche na la eile seachdmhuin re teachd 'na dhèidh! Agus so uile ata mi guidhe ar sgà Iosa Chriosd mo Shlànaisfhear. *Amen.*

DHE
peacaidh
mallucha
naomhaich
dhuinn it
Amen.

BHEI
son Chri
ris, buidh
O biodh
is fearr a
deònuich
teirig, ac
losa Crie

ALLTACH' roimh BHIADH.

DHE bheananicht', thoir maitheamhnas dhuinn ann aí peacaidh; bi rèidh ruinn, agus buin o na tiodhlacaibh so a' mallucha ata ag leanmhuiu riu air son ar peacaidh; agus naomhaich na sochaire so chum ar feim, agus déonach dhuinn ith agus ól chum do ghàirs', air sgàth Iosa Criod. *Amen.*

ALLTACH' an deigh BIDH.

BHEIRIMID buidheachas dhuit O Dhe ghràsmhoir air son Chriod; agus gach beannacha thug thu dhuinn maillo ris, buidheachas duits' a bheathaich ar euir san àms'. O biodh an tiodhlac so 'na èarlas tiodhlacaibh is mó agus is yearr air an ullmhachadh dhuinn aon an Criod, agus déonach dhuinn saoithreachadh air son 'a-bhidh nach teirig, ach a mhàireas chum na beatha bhithbhuain, trid Iosa Criod. *Amen.*

